

Sgrìobt bhidio ceumnachaidh Oilthigh na Gàidhealtachd is nan

Eilean 2021

Mar Sheansalair Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, bu mhath leam meal-a-naidheachd a chur air luchd-ceumnachaidh na bliadhna seo airson crìoch a chur air do chuid ionnsachaidh gu soirbheachail. Chaidh cha mhòr dà bhliadhna acadaimigeach de na sgrùdaidhean sin a dhèanamh air astar agus tha thu air a bhith ag obair gu cruaidh agus air dìongmhaltas mòr a dhèanamh gus faighinn chun an àite far a bheil thu an-diugh.

Tha a bhith a' faighinn theisteanasan an-còmhnaidh ag iarraidh dealas, ach a-rithist am-bliadhna, tha dùbhlain a bharrachd air a bhith aig oileanaich. Mar a sguab an galar lèir-sgaoilte Coròna-bhioras air feadh an t-saoghail, dh'atharraich ar beatha ann an dòigh air choreigin.

Tha e air a bhith na àm duilich agus mì-chinnteach don a h-uile duine, agus mar sin bu mhath leam moladh a dhèanamh air an t-sùbailteachd agus air a' chruthachalachd a tha thu air sealltainn ann a bhith a' crìochnachadh do chuid ionnsachaidh, agus an taic dod cho-oileanaich, dod charaidean, dod theaghlach agus don choimhearsnachd.

Bha mòran agaibh gu saor-thoileach a' toirt seachad fiosrachadh COVID no gu saor-thoileach anns a' chiad dèiligheath. Tha freagarrachd, cruthachalachd agus coibhneas nam feartan luachmhor a bhios gu sònraichte cudromach mar a bhios an saoghal a' gluasad air adhart bho dhùbhlain a' ghalair lèir-sgaoilte seo.

Tha ceumnachadh na chlach-mhìle chudromach ann am beatha neach, a' toirt cothrom dhut smaoineachadh air na choilean sinn.

Agus a-nis is e deagh àm a th' ann beagan ùine a ghabhail gus meòrachadh air do chuid ionnsachaidh an seo agus na choilean thu, ge bith dè cho beag' s a dh'fhaodadh iad a bhith a' coimhead. Tha a h-uile tabhartas cudromach.

Tha a' bhliadhna seo cuideachd na bliadhna chudromach don oilthigh againn. Tha sinn air fàilte a chuir air a' Phrionnsapal agus an t-Seansalair ùr againn, an t-Àrd-Ollamh Todd Walker, agus tha sinn a' comharrachadh deicheadh ceann-bliadhna an oilthighe. Tha an àireamh oileanaich as motha ann an Alba a-nis anns a' chom-pàirteachas againn, le faisg air 40,000 oileanach a' dèanamh chùrsaichean foghlaim adhartach agus àrd-ìre còmhla rinn gach bliadhna.

Chaidh an t-oilthigh a chruthachadh gus buaidh chruth-atharrachail a thoirt air ar sgìre, eaconamaidh, daoine agus ar coimhearsnachdan, a' dèanamh an fheum as fheàrr de theicneòlas gus dèanamh cinnteach às an libhrigeadh agus an eòlas as fheàrr air ionnsachadh air astar. Tha mi a' smaoinichadh gun urrainn dhuinn a bhith moiteil às a' bhuidhe a bh' againn air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Mar cheumnaichean, bidh pàirt dheatamach agad ann a bhith a' toirt taic don mhisean seo, air feadh na sgìre againn agus nas fhaide air falbh.

Mar a thòisicheas tu air caibideil ùr de do bheatha, feuch an tèid thu air adhart le misneachd, agus fios agad gu bheil a h-uile duine againn air feadh com-pàirteachas an oilthighe a' toirt taic dhut agus a' guidhe gach soirbheachas dhut san àm ri teachd.

Ge bith càite a bheil beatha gad thoirt, tha mi gad bhrosnachadh gu ceangal a chumail rinn sna bliadhnaichean ri thighinn. Tha an t-oilthigh an-còmhnaidh an seo dhut, ge bith a bheil thu a' coimhead airson comhairle mu dhreuchd no a' smaoinichadh air cùrsa eile gus do sgilean adhartachadh.

Mar bhall ùr de choimhearsnachd alumni a tha a' sìor fhàs, bidh tu an-còmhnaidh mar phàirt de theaghlach Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Meal do naidheachd agus deagh fhortan.